



Teisteanais
Nàiseanta
2015

X732/76/11

Àrd-Ìre

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

1:00 F – 2:40 F

**Gàidhlig
Leughadh agus Sgrìobhadh**

**Gàidhlig
Reading and Writing**

Comharran gu lèir — 50

ROINN 1 — LEUGHADH AIRSON TUIGSINN, MION-SGRÙDADH IS LUACHADH — 30 comharran
Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

ROINN 2 — LEUGHADH BREITHNEACHAIL IS SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 6 1 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Briseadh-cridhe

Nochd an sanas sa phàipear Diluain.

*Air iarraidh: cuideigin a bhiodh deònach càradh a dhèanamh air cridhe briste. Leig fios gu...
Cha robh ainm ann idir, dìreach àireamh.*

5 Nuair a chunnaic Dòmhnall an sanas, theab e sgrìobhadh. Ach carson a sgrìobhadh e thuige fhèin? Leugh e an sanas ceud turas agus dh'fhairich e an cridhe briste a' leum na chorp. Saoil am biodh fios aca cò bh' ann, cò dha-rìribh a chuir sanas don phàipear? Saoil am faiceadh iad làrach na sgine na chridhe? Cha robh dad a dh'fhios aige cò sgrìobhadh thuige ach bha fhios aige air aon rud cinnteach. Cha bhiodh e air sanas a chur ann mura biodh dòchas aige gum freagraidh Màiri e.

10 Bha e air sùil bheag a thoirt air a' phàipear sa bhùth. 'S e mearachd a bha sin. "Ciamar a tha thu an-diugh?" dh'fhaighnich Eilidh Mhoireach a' coimhead thairis air a ghualainn. "A bheil do chridhe fhathast briste?" An ann dìreach a' tarraing a chois a bha i? Dh'fhairich e dath dearg a' tighinn na ghruaidhean agus dh'fhàs e gu math mì-chofhurtail fhad 's a bha e a' feuchainn ris a' phàipear a phasgadh. "Ciamar...?" thòisich e. Ach chuir e stad air fhèin. "Cò air a tha thu a-mach?" dh'fhaighnich e an uair sin le àrdan na ghuth.

"Tha fhios gum faca tu an sanas," thuirt i agus i a' toirt sùil timcheall gus dèanamh cinnteach gun robh gu leòr de dhaoine ga cluinntinn. "Agus nach eil fhios againn uile gun robh do chridhe briste uaireigin. Thachair an aon rud dhomh fhìn ach fhuair mise seachad air."

20 Dh'fhàs Dòmhnall beagan na bu mhisneachaile an uair sin. "Saoil carson a tha ùidh cho mòr agad sa ghnòthach, Eilidh? Tha amharas agam gun do sgrìobh thu fhèin e!"

Chan fhaca e riamh Eilidh a' siubhal cho luath agus thug an còmhradh gàire air airson a' chiad uair ann an iomadh bliadhna. Gu dearbh bha e caran moiteil às fhèin. Cha do dh'inns e dad dhi ge b' e dè chunnaic i na shùilean.

25 Shuidh e airson greis nuair a thill e dhachaigh. Thigeadh fios Diciadain aig a' char a bu luaithe — nan tigeadh fios idir. Nan tigeadh fios bho Mhàiri. Bha iad toilichte còmhla uair. Thog e an taigh dhi mar a dh'iarr i. Bha e fon chnoc far an do dh'iarr i. Bha e goireasach mar a dh'iarr i. Ach dè feum a rinn na goireasan sin? Thàinig na ceistean, thàinig na teagamhan agus thàinig am briseadh. Am briseadh a mhill a shlàinte agus a spiorad. Am briseadh a theab cur às dha.

30 Saoil am faca Màiri an sanas? smaoinich Dòmhnall. Dè an diofar co-dhiù? Bha i ann an saoghal glaiste, saoghal gun dorsan agus cha leigeadh i a-steach e. Bhiodh e a' bruidhinn rithe tro na h-uinneagan ach an ceann greis, bha anail gan ceòthadh agus chan fhaiceadh e càil tromhpa. Bhiodh a bhriathran a' reothadh air a' ghlainne agus iad air an sgrìobhadh ann an deigh air clàr a chuimhne.

Cridhe briste ... cridhe briste.

35 Thòisich Diciadain le Dòmhnall air bhioran gun tigeadh fios ach dh'fhalbh am post seachad a' toirt leis dòchas an duine bhochd agus shaoil e gu robh a chridhe a' sgàineadh. Dè feum a dhèanadh post dha co-dhiù? Dè feum a dhèanadh dotair dha? Cha b' aithne dha ach aon neach a bha air a h-uidheamachadh airson càradh a dhèanamh air a chridhe. Saoil an tigeadh fios bhuaipe? Leig e às osna.

40 Co-dhiù, Diardaoin stad am post agus dh'fhàg e ultach litrichean dha. Cunntas an dealain, catalog gàrraidh agus ... trì cèisean eile. Dè bh' annta? Bha e gan coimhead, le measgachadh de dhòchas agus eagal a thug air a bheul a dhol tioram. Cha do dh'inns na cèisean dad dha mu cò bha air na litrichean a sgrìobhadh bhon a chaidh iad uile a thairpeadh le oifis a' phàipeir-naidheachd.

- 45 Dh'fhosgail e a' chiad litir. 'S e freagairt a bha seo gun teagamh sam bith ach cha b' ann den t-seòrsa ris an robh e an dùil. B' ann bho chuideigin le cridhe cruaidh, cuideigin a bha ri fealla-dhà a bha seo. Thàinig an caothach air Dòmhnall. Cha do chuir an trustar fiù 's ainm rithe. Bha e tàmailteach gun do chuir e an sanas don phàipear sa chiad àite oir cha b' e ach cothrom a bha seo do dhaoine an car a thoirt às agus e na èiginn. Carson a thòisich e air seo? Carson?
- 50 Dh'fheuch e an dara tè. "Slànaichidh mise do chridhe. Cha do phòs mi riamh ach seo mo chothrom - agus do chothrom-sa! Cha leig thu leas a bhith leat fhèin tuilleadh. Tha fhios agad far a bheil mi. Eilidh Mhoireach." Cha b' urrainn dha chreidsinn. Eilidh bhochd. Nach robh i san aon suidheachadh san robh e fhèin? Bha ise a' fulang cuideachd a dh'aindeoin na thuirt i. Dè feum a bhiodh ann tarraing aiste? Cha chanadh e bìog.
- 55 B' i an treas litir a ghlac aire. Bha i ga tharraing mar rùm dorcha, dìomhair ann an taigh taibhseach. An e seo an rùm anns an robh Màiri? Le crith na làimh, dh'fhosgail e i. Shuath e a shùilean. Bha "*Thig mi gad fhaicinn*" sgrìobhte ann an dubh 's ann an geal air an duilleig. Chuir Dòmhnall an litir air ais don chèis gu cùramach agus chunnaic e leabhar ùr, falamh a' fosgladh air a bheulaibh.

* * *

- 60 Bha e deiseil nuair a ghnog i air an doras agus, ga fhosgladh, chunnaic e gun robh Màiri ga fheitheamh an sin agus coltas cho neochiontach, bòidheach oirre anns a' ghrèin. Ach cha do bhuaill saighead a' ghaoil idir e mar a bha dùil. Ged a bha toileachas na h-aodann, bha fhios aige. Bha fhios aige nach adhbhraicheadh i ach dragh agus pian dha aig a' cheann thall. Thàinig soilleireachd air a' ghnòthach. Cha robh an comas aig Màiri cridhe briste a chàradh. 'S ann mar
- 65 chat le luch a bha i agus cha robh ùidh aice ach ann a bhith a' cluich le faireachdainnean. Na inntinn, chunnaic e deàrrsadh na sgine fo còta. An sgian a leònadh a chridhe a-rithist. Dhùin e an doras oirre le brag. Thàinig ceò a h-anail air taobh a-muigh na h-uinneig. Mu dheireadh, chuala e i a' coiseachd air falbh.

(Dòmhnall Iain MacIomhair – atharraichte).

[Tionndaidh an duilleag

Cho tric 's is urrainn dhut, bu chòir dhut na faclan agad fhèin a chleachdadh nad fhreagairtean.

1. Carson a chuir Dòmhnall sanas anns a' phàipear? 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 10 gu 23.

2. Seall dè seòrsa boireannach a th' ann an Eilidh Mhoireach. Cleachd eisimpleirean bhon teacsa nad fhreagairt. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 24 gu 28.

3. Bha Màiri doirbh a toileachadh nuair a bha i fhèin agus Dòmhnall còmhla. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair structar-seantans agus taghadh-facail gus seo a dhèanamh follaiseach. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 29 gu 34.

4. Tha briseadh air tighinn air a' cheangal eadar Dòmhnall agus Màiri. Le bhith a' coimhead air ìomhaigheachd san earrainn, seall mar a tha am briseadh seo air a dhèanamh soilleir. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 35 gu 39.

5. Carson, nad bheachd, a thàinig Dòmhnall gu diofar cho-dhùnaidhean mun dotair agus mu Mhàiri? 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 45 gu 49.

6. Dèan geàrr-chunntas air na diofar faireachdainnean a dhùisg a' chiad litir ann an Dòmhnall agus minich carson a bha na faireachdainnean seo aige. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 50 gu 54.

7. Tha an dòigh anns an do dhèilig Dòmhnall ris an dara litir gu math inntinneach. Minich mar a tha seo a' toirt fios dhuinn air dè seòrsa duine a bh' ann. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 55 gu 59.

8. Bha faireachdainnean Dhòmhnail follaiseach mus do dh'fhosgail e an treas litir. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair ìomhaigheachd agus taghadh-facail gus seo a dhèanamh. 2

9. Às dèidh do Dhòmhnall an treas litir a leughadh, "chunnaic e leabhar ùr, falamh a fosgladh air a bheulaibh". Carson, nad bheachd, a bha seo? 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 60 gu 68.

10. Nuair a thàinig Màiri chun an dorais, carson nach do chuir Dòmhnall fàilte oirre mar a bha e an dùil?

3

11. Tagh dà dhealbh anns a' pharagraf seo a tha a' sealltainn mar a dh'atharraich beachd Dhòmhnail air Màiri. Seall cho èifeachdach 's a tha na dealbhan ann a bhith a' sealltainn an atharrachaidh.

2

Thoir sùil air an teacsa gu lèir.

12. Dè na dòighean anns a bheil deireadh na sgeulachd èifeachdach ann a bhith a' togail air na thachair roimhe? Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air plot, ìomhaigheachd, structar agus ìoranas, mar eisimpleir.

3

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 2 – LEUGHADH BREITHNEACHAIL IS SGRÌOBHADH – 20 comharran

Sgrìobh air AON de na roghainnean a leanas

1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns a bheil caractar/caractaran sònraichte. Seall mar a thug an caractar/na caractaran buaidh air an sgeulachd gu lèir agus mar a chuir an sgrìobhadair diofar sgilean sgrìobhaidh gu feum.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a thug buaidh ort a thaobh cuspair/chuspairean. Seall na rinn an sgrìobhadair airson an cuspair/na cuspairean a thoirt am follais agus inns carson a bha e/iad cho tarraingeach dhut.

2. Bàrdachd

- (a) Tagh pìos bàrdachd a leugh thu a thog faireachdainnean sònraichte annad. Seall mar a chuir am bàrd diofar sgilean sgrìobhaidh gu feum airson a' bhuidhe seo a thoirt ort.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd a tha a' dèiligeadh ri cultar no eachdraidh na Gàidhlig. Seall mar a dh'fhoillsich am bàrd na beachdan a bh' aige/aice agus mar a thug seo soilleireachadh dhut air a' chuspair.

3. Dràma

- (a) Tagh pìos dràma a chunnaic no a leugh thu anns an robh caractar inntinneach. Seall mar a chuir an sgrìobhadair am plot agus diofar sgilean sgrìobhaidh gu feum gus am fuiricheadh an caractar seo nad chuimhne.

NO

- (b) Tagh pìos dràma a leugh no a chunnaic thu anns an robh cuspair/cuspairean a ghlac d' aire. Seall mar a dhèilig an sgrìobhadair ris a' chuspair/na cuspairean seo agus inns dè a' bhuidhe a bh' aig a' phìos dràma ort.

4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram dràma anns a bheil caractar a tha an dà chuid annasach agus cudromach. Seall dè an t-àite a th' aig a' caractar agus mar a chuir e/i ri soirbheas an fhilm/a' phrògram.

NO

- (b) Tagh film no prògram dràma anns an robh tachartas sònraichte. Seall cho cudromach 's a bha an tachartas a thaobh plot, caractar agus cuspair, ag innse mar a thug iad seo buaidh ort.

5. Cànan

- (a) Le bhith a' cleachdadh eisimpleirean, seall am feum a tha na meadhanan Gàidhlig a' dèanamh ann a bhith a' cur taic ris a' chànan.

NO

- (b) “Tha seanfhaclan a' cur ri beartas cànan sam bith, eadhon san latha an-diugh.” Seall, le eisimpleirean, mar a tha seo fìor a thaobh na Gàidhlig.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENT

Roinn 1 – Text is adapted from “*Briseadh-cridhe*” by Dòmhnall Iain MacÌomhair. Reproduced by kind permission of Mrs Alice Maciver.

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
2015

Comharra



X732/76/03

Àrd-Ìre

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

3:00 F – 3:40 F (moladh)

Gàidhlig
Èisteachd
Gàidhlig Listening



* X 7 3 2 7 6 0 3 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mios

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 1 *

Comharran gu lèir — 20

Comharran NA
SGRÌOBH
AN
SEO

1. A bharrachd air èin agus beathaichean, ainmich dà rud a tha a' tàladh dhaoine do Ghàidhealtachd na h-Alba.

2

2. Dè an dearbhadh gu bheil am fiadh cudromach do luchd-turais?

2

3. Dè tha fìor mu àireamh nam fiadh air a' Ghàidhealtachd?

1

4. Carson a tha sealg nam fiadh cudromach dha àiteachan iomallach?

2



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 2 *

5. Carson a tha sìtheann nas tarraingiche do luchd-ceannach na feòil eile?

2

6. (a) Dè a' bhuaidh a tha aig fèidh air àrainneachd agus beathaichean nam monaidhean?

2

(b) Dè a' bhuaidh a bhios aig fèidh air àrainneachd agus beathaichean nan coilltean?

2

7. (a) Dè nì na fèidh air sgàth an acrais?

1

(b) Dè na trioblaidean a tha na fèidh ag adhbhrachadh mar thoradh air an acras?

2



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 3 *

8. Carson, nad bheachd, a tha an neach-labhairt a' dèanamh iomradh air an *elk* agus a' mhadadh-allaidh?

2

9. Beachdaich air deireadh na h-earrainne. Nad bheachd, dè tha an neach-labhairt a' moladh airson smachd a chumail air àireamh nam fiadh? Thoir taic dha do fhreagairt.

2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 4 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharran NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 5 *

Duilleag a còig

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharran NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 6 *

Duilleag a sia

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 7 *

Duilleag a seachd

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 6 0 3 0 8 *

Duilleag a ochd



Teisteanais
Nàiseanta
2015

X732/76/13

Àrd-Ìre

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

3:00 F – 3:40 F (moladh)

**Gàidhlig
Earrann Èisteachd**

**Gàidhlig
Listening Transcript**

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil an disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* X 7 3 2 7 6 1 3 *

Stiùiridhean airson leughadair(ean)

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le (b) agus fireannach airson (f); agus neach-teagaisg far a bheil (n-t).

Instructions to reader(s)

Read the passage twice with an interval of 3 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked (b) should be read by a female speaker and those marked (f) by a male; those sections marked (n-t) should be read by the teacher.

(n-t) Cluinnidh tu earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

(1 mionaid)/(1 minute)

(b/f) Cluinnidh tu neach-naidheachd ag aithris air beathach a tha an dà chuid ainmeil agus connspaideach ann an Alba.

'S iomadh rud a tha a' tàladh dhaoine do Ghàidhealtachd na h-Alba. Thig luchd-tadhail dhan Ghàidhealtachd airson bòidhchead na tìre fhaicinn, airson ceòl dùthchasach na sgìre a chluinntinn agus airson am biadh sònraichte a bhlasad. Thig iad cuideachd gus sealladh fhaighinn air beathaichean agus eòin na sgìre, a leithid an iolaire bhuidhe, an fheòrag ruadh agus am fiadh.

Tha am fiadh gu h-àraid mar iomhaigh aig a bheil dlùth-cheangal ris a' Ghàidhealtachd. Tha companaidhean a bhios a' cur air dòigh tursan chun nam beanntan gus am faicear am beathach seo air an cumail glè thrang. Ged a tha fèidh rin lorg air feadh na h-Alba, tha a' mhòr-chuid dhiubh a' tighinn beò air a' Ghàidhealtachd. Tha an àireamh dhiubh air a dhol suas an dà uiread taobh a-staigh beagan bhliadhnachan. Tha an t-àrdachadh seo air an dà chuid feum agus cron adhbhrachadh.

Mar thoradh air seo tha buannachd air a thighinn dha eaconamaidh na Gàidhealtachd. Tha sealg nam fiadh fìor chudromach ann an àiteachan iomallach. Thig mòran luchd-turais dhan Ghàidhealtachd gach bliadhna gus fèidh a shealg air oighreachdan na sgìre. Tha an t-sealg mar sin a' cruthachadh cosnadh. Bidh tòrr airgid cuideachd a' tighinn a-steach dha eaconamaidh na Gàidhealtachd le bhith a' reic sitheann mar a chanar ri feòil nam fiadh. Tha iarraidh mhòr air sitheann anns an Rìoghachd Aonaichte agus air feadh na Roinn Eòrpa. Tha luchd-ceannach a' tuigsinn gur e feòil nàdarra a th' ann an sitheann an taca ri feòil bheathaichean a chaidh àrach air tuathanasan nach eil cho fallain.

A dh'aindeoin nam buannachdan seo, tha eòlaichean a-nis den bheachd gu bheil an àireamh de fhèidh air a' Ghàidhealtachd aig ìre fada ro àrd. 'S e am fiadh am mamal fiadhaich as motha a tha ann am Breatainn 's tha gach beathach a' cur feum air mòran bìdh. Tha seo a' toirt buaidh mhòr air àrainneachd nàdarra na Gàidhealtachd agus cuid de mhonaidhean na sgìre a-nise gun lus no feur. Ri linn seo, tha na h-eòin a bhiodh a' neadachadh san fhraoch, mar eisimpleir, a' fulang.

Bidh mòran fhiadh cuideachd a' fuireach ann an coilltean dùthchasach na Gàidhealtachd far am bi iad a' tighinn beò air na craobhan beaga. Bidh na coilltean gu slaodach a' crìonadh: chan eil craobhan ùra a' fàs agus, mean air mhean, bàsaichidh na seann chraobhan. Tha seo a' toirt buaidh air na creutairean eile a tha a' fuireach anns na

coilltean. Dh'fhaodadh gun tèid beathaichean prìseil mar an fheòrag ruadh à bith gun àrainneachd nàdarra aca.

Tha e cuideachd follaiseach don t-sluagh a tha a' fuireach air a' Ghàidhealtachd gu bheil cus fhiadh ann. Cuiridh na fèidh an samhradh seachad air beanntan iomallach. Thig iad a-nuas gu talamh ìosal sa gheamhradh far am faigh iad fasnadh bho dhroch shìde. Ach bidh cion bìdh a' toirt air na fèidh tighinn do na h-àiteachan far a bheil daoine a' fuireach agus ag obair. Bidh na fèidh tric ag ithe na tha a' fàs ann an gàrraidhean an t-sluaigh ach, nas miosa buileach, tha iad ag adhbhrachadh faisg air dà mhìle tubaist air rathaidean na sgìre gach bliadhna.

Dè an t-slighe air adhart ma-thà? Tha e soilleir gum feum an àireamh de fhèidh a tha air a' Ghàidhealtachd a bhith air a toirt gu ìre reusanta ach 's i a' cheist dè an dòigh as fheàrr air seo a dhèanamh? Bidh cuid de dhaoine a' cumail a-mach gum bu chòir madaidhean-allaidh a thoirt a-steach a dh'Alba a-rithist. Chaidh a leithid a dhèanamh ann an sgìrean de dh'Ameireaga a Tuath far an robh beathach coltach ris an fhiadh, an elk, a' dèanamh sgrios air an àrainneachd. Tha am madadh-allaidh an sin mar dhòigh nàdarra air àireamhan nan elk a chumail sìos. Tha am moladh connspaideach seo ge-tà ag adhbhrachadh fìor iomagain ann an Alba, gu h-àraid am measg thuathanach agus luchd-coiseachd. Tha feadhainn eile den bharail gum feumar barrachd fhiadh a spadadh gach bliadhna. Ged a chanadh cuid gur e cleachdadh borb a tha seo, tha e doirbh fuasgladh eile a lorg gus stad a chur air a' mhilleadh a nì fèidh air a' Ghàidhealtachd.

(n-t) Crìoch na h-earrainn.

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[DUILLEAG BHÀN]